AIRSON FEUM OIFIGEIL

| | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|
| | | | | | |

**F**

| | (FT) | (SR) |
|---|---|---|
| Comharran Iomlan | | |

# 1540/404

TEISTEANAIS NÀISEANTA 2011

DIHAOINE, 20 CÈITEAN
9.00 M – 10.00 M

# EACHDRAIDH
## AN ÌRE CHOITCHEANN
### Bun Ìre

**Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.**

Làn ainm sgoile no colaiste

Baile

Ciad ainm(ean)

Sloinneadh

Latha breith
Là Mìos Bliadhna

Àireamh an oileanaich

Àireamh an t-suidheachain

Tionndaidh **gu duilleig a trì** nuair thèid iarraidh ort.

Mus fàg thu rùm nan deuchainnean thoir an leabhran seo don fhreiceadan. Mura dèan thu seo dh'fhaodadh tu na comharraidhean airson a' phàipeir seo a chall air fad.

**Na** freagair ach **dà** cho-theacsa:
**aon** à Aonad I
agus
**aon** à Aonad III.

SQA ©

[DUILLEAG BHÀN]

**Freagair ceistean à Aonad I agus Aonad III.**

**Freagair na ceistean mu na co-theacsaichean a tha thu air bhith ag ionnsachadh. Innsidh am freiceadan dhut dè an fheadhainn a tha sin.**

**Dèan AON cho-theacsa à Aonad I agus AON cho-theascsa à Aonad III.**

**Cuir diog ris na co-theacsaichean a tha thu a' dol a fhreagairt.**

## AONAD I—ATHARRACHADH DÒIGH BEATHA AN ALBA 'S AM BREATAINN

**Cuir diog ann an AON de na bogsaichean seo:**

☐ **Co-theacsa B: 1830an–1930an . . . . . . . . . . . . . . . . Duilleagan 11–16**

**NO**

☐ **Co-theacsa C: 1880an–An latha an-diugh . . . . . . Duilleagan 17–22**

## AONAD III—SLUAGH AGUS CUMHACHD

**Cuir diog ann an AON de na bogsaichean seo:**

☐ **Co-theacsa C: An Ruis 1914–1941 . . . . . . . . . . . . . Duilleagan 40–47**

**NO**

☐ **Co-theacsa D: A' Ghearmailt 1918–1939 . . . . . . . Duilleagan 48–55**

**Sgrìobh do fhreagairtean anns na beàrnan air a' phàipear.**

**Tionndaidh chun a' Cho-theacsa a thagh thu ann an Aonad I.**

**[Tionndaidh an duilleag**

**[DUILLEAG BHÀN]**

| Comharran | FT | SR |
|---|---|---|
| | | |

**Cuimhnich AON Cho-theacsa a dhèanamh à Aonad I agus AON Cho-theacsa à Aonad III.**

## AONAD I—ATHARRACHADH DÒIGH BEATHA AN ALBA 'S AM BREATAINN

### CO-THEACSA B: 1830an–1930an

**Sgrùd am fiosrachadh sna stòran. Faodaidh tu an t-eòlas agad fhèin a chleachdadh cuideachd.**

**Feuch ris *a h-uile* ceist sa Cho-theacsa seo a fhreagairt.**

Tha **Stòr A** a' mìneachadh carson a chaidh àireamh an t-sluaigh suas ann an Alba eadar 1830 agus 1930.

**Stòr A**

> Chaidh àireamh an t-sluaigh suas ann an Alba eadar 1830 agus 1920. Tron naoidheamh linn deug bha cothrom na b' fheàrr aig daoine obair fhaighinn agus, mar sin, bha iad a' pòsadh na bu tràithe agus bha teaghlaichean na bu mhotha aca. Aig an aon àm, le cùram na b' fheàrr bho mhnathan-glùine, bha na bu lugha mhàthraichean is bhèibidhean a' bàsachadh aig àm breith. Bha daoine ag òl na bu lugha de gin agus chuidich sin leis an reat-bàis a thoirt a-nuas.

**1.** Ciamar a chaidh àireamh an t-sluaigh suas ann an Alba eadar 1830 agus 1930? Thoir **trì** pìosan fianais.

1: ______________________________

______________________________

2: ______________________________

______________________________

3: ______________________________

______________________________ **3**

**[Tionndaidh an duilleag**

NA SGRÌOBH SAN OIR SEO

*Comharran* | FT | SR

Tha **Stòr B** ag innse mar a dh'atharraich taigheadas an luchd-obrach ann am bailtean Albannach.

**Stòr B**

> Anns a' chuid mhòir de Alba, bha taigheadeas mòran na b' fheàrr anns na bliadhnachan às dèidh 1880. Chaidh na ciad taighean comhairle le màl ìosal airson an luchd-obrach a thogail ann an Glaschu anns na 1890an. Bliadhnachan às dèidh sin chaidh sgeamaichean de thaighean comhairle le gàrraidhean agus goireasan fasanta a thogail air iomall bhailtean. Ach, cha robh riamh gu leòr de na taighean ùra sin ann.

**2.** Bha taigheadas an luchd-obrach na b' fheàrr às dèidh 1880. Inns mu **dhà** dhòigh anns an do dh'fhàs e na b' fheàrr.

1: ______________________________

______________________________

2: ______________________________

______________________________ **2**

NA SGRÌOBH SAN OIR SEO

| *Comharran* | FT | SR |
| --- | --- | --- |

Tha **Stòr C** ag innse mun bhuaidh a bha aig strì nan Suffragettes.

**Stòr C**

> Bha na Suffragettes ag iarraidh gum biodh bhòt nam boireannach na chuspair nach biodh an Riaghaltas air chomas cùl a chur ris. Gu cinnteach, bha bhòt nam boireannach na bu trice anns na naidheachdan air sàillibh na strì aca. Ma bha na poilis a' cur boireannach an grèim, is e naidheachd a bh' ann. Bha e a' sealltainn cho cudromach 's a bha a' bhòt dhi. Thionndaidh cuid de bhoireannaich an aghaidh nan Suffragettes oir bha iad a' faireachdainn gun robh iad air a dhol ro fhada leis an t-strì.

**3.** Dè na dòighean anns an robh strì nan Suffragettes cudromach ann a bhith a' buannachd cead-bhòtaidh airson nam boireannach? Thoir **dà** eisimpleir.

1: ____________________

____________________

2: ____________________

____________________ **2**

**[Tionndaidh an duilleag**

NA SGRÌOBH SAN OIR SEO

*Comharran* | FT | SR

**Ann an Ceistean 4, 5 agus 6 's e an cuspair rannsachaidh:**

| |
|---|
| Mar a chaidh do Albannaich a chaidh a dh'fhuireach ann an dùthchannan eile. |

**Sgrùd am fiosrachadh sna stòran, agus freagair na ceistean a leanas.**

Tha **Stòr D** air a thogail à litir a sgrìobh Albannach chun an "Aberdeen Evening Gazette" ann an 1913, an dèidh a dhol a-null thairis.

**Stòr D**

| |
|---|
| Ràinig mi Canada o chionn seachdain ach cha robh an obair a bha air a gealltainn dhomh idir ann. Tha mòran dhaoine an seo gun obair. Thug Bòrd a' Mhalairt obair dhomh, a' briseadh fiodh le tuaigh. Tha thu nas fheàrr dheth aig an taigh le tuarastal beag oir tha a h-uile dad cho daor an seo. |

**4.** Carson a tha **Stòr D** feumail mar fhianais ann a bhith a' rannsachadh mar a chaidh do Albannaich a chaidh a-null thairis?

Beachdaich air dè na **dhà** de na h-abairtean seo a tha ceart.

**A** Is e bun stòr a th' ann

**B** Is e stòr leasaichte a th' ann

**C** Chaidh a sgrìobhadh airson sealltainn cho math 's a bha a' dol do Albannaich a bha a' dol a-null thairis

**D** Chaidh a sgrìobhadh le neach do nach b' aithne dad mu Albannaich a chaidh a-null thairis, ach na leugh e

**E** Chaidh a sgrìobhadh le Albannach a chaidh a-null thairis agus a chunnaic seo

Sgrìobh an **dà** litir cheart sna bogsaichean. ☐ ☐ **2**

Tha **Stòr E** ag innse mar a chaidh do Albannach a chaidh a-null thairis.

**Stòr E**

> Thàinig mise don dùthaich seo còmhla ri mo bhean agus mo chòignear chloinne o chionn seachd bliadhna. Tha sinn air a bhith ann an deagh shlàinte bhon a thàinig sinn. Tha an t-sìde uabhasach math anns a' bhad seo den dùthaich. Tha mi a-nis ag obair air mo shon fhèin. Nam bithinn air fuireach ann an Alba bhithinn ag obair do dhuine eile fad mo bheatha.

**5.** Coimhead air **Stòran D** agus **E**. An uair sin, lìon an clàr seo, a' cleachdadh **ceithir** pìosan fianais uile-gu-lèir.

| Dè tha **Stòr D** air *Duilleig a ceithir-deug* ag innse mu na rudan **dona** a bha a' tachairt do Albannaich a chaidh a-null thairis? | Dè tha **Stòr E** air *Duilleig a còig-deug* ag innse mu na rudan **matha** a bha a' tachairt do Albannaich a chaidh a-null thairis? |
|---|---|
| | |

4

**[Tionndaidh an duilleag**

NA SGRÌOBH SAN OIR SEO

*Comharran* | FT | SR

**6.** Coimhead a-rithist air na freagairtean a sgrìobh thu airson Ceist 5.

A-nis sgrìobh **dà** cho-dhùnadh a tha thu air tighinn thuige mu mar a chaidh do Albannaich a chaidh a-null thairis.

1: ______________________________

______________________________

2: ______________________________

______________________________ **2**

[*CRÌOCH CO-THEACSA IB*]

**Tionndaidh a-nis chun an AON Cho-theacsa a tha thu a' dol a fhreagairt ann an Aonad III**

NA SGRÌOBH SAN OIR SEO

*Comharran* | FT | SR

**Cuimhnich AON Cho-theacsa a dhèanamh à Aonad I agus AON Cho-theacsa à Aonad III.**

## AONAD I—ATHARRACHADH DÒIGH BEATHA AN ALBA 'S AM BREATAINN

### CO-THEACSA C: 1800an–An latha an-diugh

**Sgrùd am fiosrachadh sna stòran. Faodaidh tu an t-eòlas agad fhèin a chleachdadh cuideachd.**

**Feuch ris *a h-uile* ceist sa Cho-theacsa seo a fhreagairt.**

Tha **Stòr A** a' mìneachadh carson a chaidh àireamh an t-sluaigh suas ann an Alba eadar 1880 agus 1980.

**Stòr A**

> Bha àireamh an t-sluaigh a' dol suas gu luath ann an Alba. B' e aon adhbhar gun do thuit prìs an t-siabainn agus, mar sin, bha Albannaich air chomas iad fhèin a chumail glan. Bha a' chlann a' faighinn dinnear sgoile an-asgaidh. Bha e na chuideachadh gun do thòisich daoine air banachdach fhaighinn airson ghalaran mar a' ghriùthraich agus polio. A dh'aindeoin sin, bha galaran fhathast a' marbhadh mòran dhaoine.

**1.** Ciamar a chaidh àireamh an t-sluaigh suas ann an Alba eadar 1880 agus 1980? Thoir **trì** adhbharan.

1: ______________________________

______________________________

2: ______________________________

______________________________

3: ______________________________

______________________________ **3**

**[Tionndaidh an duilleag**

*Comharran* | FT | SR

Tha **Stòr B** ag innse mu dhòighean anns an do dh'atharraich dèanamh chàraichean.

**Stòr B**

> O chionn 100 bliadhna chruthaich Henry Ford dòigh na b' fheàrr air càraichean a dhèanamh. Thòisich e siostam mòr-dhèanamh a bha air chomas càraichean a chur na chèile nas luaithe. Thogadh e càr ann an 84 mionaidean an àite 12 uair a thìde. An-diugh, tha pàirt den obair sin air a dèanamh le ròbotan.

**2.** Dh'atharraich an dòigh anns a bheil càraichean air an dèanamh. Inns mu **dhà** atharrachadh.

1: ______________________________

______________________________

2: ______________________________

______________________________ **2**

NA SGRÌOBH SAN OIR SEO

*Comharran* | FT | SR

Tha **Stòr C** ag innse mun bhuaidh a bha aig strì nan Suffragettes.

**Stòr C**

> Bha na Suffragettes ag iarraidh gum biodh bhòt nam boireannach na chuspair nach biodh an Riaghaltas air chomas cùl a chur ris. Gu cinnteach, bha bhòt nam boireannach na bu trice anns na naidheachdan air sàillibh na strì aca. Ma bha na poilis a' cur boireannach an grèim, is e naidheachd a bh' ann. Bha e a' sealltainn cho cudromach 's a bha a' bhòt dhi. Thionndaidh cuid de bhoireannaich an aghaidh nan Suffragettes oir bha iad a' faireachdainn gun robh iad air a dhol ro fhada leis an t-strì.

**3.** Dè na dòighean anns an robh strì nan Suffragettes cudromach ann a bhith a' buannachd cead-bhòtaidh airson nam boireannach? Thoir **dà** eisimpleir.

1: ______________________________

______________________________

2: ______________________________

______________________________ **2**

**[Tionndaidh an duilleag**

**Ann an Ceistean 4, 5 agus 6 ’s e an cuspair rannsachaidh:**

| |
|---|
| Mar a chaidh do Albannaich a chaidh a dh’fhuireach ann an dùthchannan eile. |

**Sgrùd am fiosrachadh sna stòran, agus freagair na ceistean a leanas.**

Tha **Stòr D** air a thogail à litir a sgrìobh Albannach chun an “Aberdeen Evening Gazette” ann an 1913, an dèidh a dhol a-null thairis.

**Stòr D**

| |
|---|
| Ràinig mi Canada o chionn seachdain ach cha robh an obair a bha air a gealltainn dhomh idir ann. Tha mòran dhaoine an seo gun obair. Thug Bòrd a’ Mhalairt obair dhomh, a’ briseadh fiodh le tuaigh. Tha thu nas fheàrr dheth aig an taigh le tuarastal beag oir tha a h-uile dad cho daor an seo. |

**4.** Carson a tha **Stòr D** feumail mar fhianais ann a bhith a’ rannsachadh mar a chaidh do Albannaich a chaidh a-null thairis?

Beachdaich air dè na **dhà** de na h-abairtean seo a tha ceart.

**A** Is e bun stòr a th’ ann

**B** Is e stòr leasaichte a th’ ann

**C** Chaidh a sgrìobhadh airson sealltainn cho math ’s a bha a’ dol do Albannaich a bha a’ dol a-null thairis

**D** Chaidh a sgrìobhadh le neach nach b’ aithne dad mu Albannaich a chaidh a-null thairis, ach na leugh e

**E** Chaidh a sgrìobhadh le Albannach a chaidh a-null thairis agus a chunnaic seo

Sgrìobh an **dà** litir cheart sna bogsaichean. ☐ ☐ **2**

*Comharran* | FT | SR

Tha **Stòr E** ag innse mar a chaidh do Albannach a chaidh a-null thairis.

**Stòr E**

> Thàinig mise don dùthaich seo còmhla ri mo bhean agus mo chòignear chloinne o chionn seachd bliadhna. Tha sinn air a bhith ann an deagh shlàinte bhon a thàinig sinn. Tha an t-sìde uabhasach math anns a' bhad seo den dùthaich. Tha mi a-nis ag obair air mo shon fhèin. Nam bithinn air fuireach ann an Alba bhithinn ag obair do dhuine eile fad mo bheatha.

**5.** Coimhead air **Stòran D** agus **E**. An uair sin, lìon an clàr seo, a' cleachdadh **ceithir** pìosan fianais uile-gu-lèir.

| Dè tha **Stòr D** air *Duilleig fichead* ag innse mu na rudan **dona** a bha a' tachairt do Albannaich a chaidh a-null thairis? | Dè tha **Stòr E** air *Duilleig fichead 's a h-aon* ag innse mu na rudan **matha** a bha a' tachairt do Albannaich a chaidh a-null thairis? |
|---|---|
| | |

**4**

**[Tionndaidh an duilleag**

NA SGRÌOBH SAN OIR SEO

*Comharran* | FT | SR

**6.** Coimhead a-rithist air na freagairtean a sgrìobh thu airson Ceist 5.

A-nis sgrìobh **dà** cho-dhùnadh a tha thu air tighinn thuige mu mar a chaidh do Albannaich a chaidh a-null thairis.

1: ____________________

____________________

2: ____________________

____________________ **2**

[*CRÌOCH CO-THEACSA IC*]

**Tionndaidh a-nis chun an AON Cho-theacsa a tha thu a' dol a fhreagairt ann an Aonad III.**

**[Tionndaidh an duilleag gu Aonad IIIC air *Duilleig ceathrad***

NA SGRÌOBH SAN OIR SEO

*Comharran* FT SR

**Cuimhnich AON Cho-theacsa a dhèanamh à Aonad III agus AON Cho-theacsa à Aonad I.**

## AONAD III—SLUAGH AGUS CUMHACHD

### CO-THEACSA C: An Ruis 1914 - 1941

**Sgrùd am fiosrachadh sna stòran. Faodaidh tu an t-eòlas agad fhèin a chleachdadh cuideachd.**

**Feuch ris a *h-uile* ceist sa Cho-theacsa seo a fhreagairt.**

Tha **Stòr A** ag innse carson a chuir an Tsàr bhuaithe an crùn ann an 1917.

**Stòr A**

> Nuair a thòisich daoine ùpraidean oir nach robh aran aca, cha robh mòran de na saighdearan idir a' losgadh orra mar a dh'òrdaich an Tsar. Is ann a bha cuid de na saighdearan fiù 's a' tionndadh an aghaidh a' phoilis a bha fhathast a' sabaid airson an t-Tsàr. Cha robh an Duma a-nis a' toirt taic don t-Tsar agus thòisich iad Riaghaltas Sealach. An ath latha, chuir an Tsar bhuaithe an crùn.

**1.** Carson a chuir an Tsàr bhuaithe an crùn? Thoir **trì** adhbharan.

1: ______________________________

______________________________

2: ______________________________

______________________________

3: ______________________________

______________________________ **3**

Chaidh **Stòr B** a sgrìobhadh ann an 1917 le neach-poilitigs Ruiseanach a bha eòlach air an t-Tsàr.

**Stòr B**

> Cha robh an Tsar airson sabaid airson cumhachd agus, mar sin, cha do rinn an cumhachd ach dìreach tuiteam mu chasan. Bha e toilichte nach robh aige tuilleadh ri dleastanasan oifigeil a dhèanamh. Chuir e bhuaithe a chumhachd mar gum biodh e a' cur dheth a dheise agus a' cur air aodach nas cofhurtaile.

**2.** Ciamar a tha **Stòr B** feumail mar fhianais mun t-Tsàr a' cur bhuaithe a' chrùin ann an 1917?

Beachdaich air dè na **dhà** de na h-abairtean seo a tha ceart.

**A** Chaidh a sgrìobhadh le neach nach b' aithne dad mu mar a chuir an Tsàr bhuaithe an crùn, ach na leugh e mu dheidhinn

**B** Chaidh a sgrìobhadh le fear a bha ann 's a chunnaic, agus a bha eòlach air an t-Tsàr

**C** Tha e ag innse dhuinn carson a chuir an Tsàr bhuaithe an crùn

**D** Tha e ag innse dhuinn carson a chùm an Tsàr air a' riaghladh

**E** Chaidh a sgrìobhadh gus gum biodh na Ruiseanaich a' toirt taic don t-Tsàr

Sgrìobh an **dà** litir cheart sna bogsaichean. ☐ ☐ **2**

**[Tionndaidh an duilleag**

*Comharran* | FT | SR

Tha **Stòr C** ag innse carson nach robh daoine toilichte leis an Riaghaltas Shealach.

**Stòr C**

Bha an Riaghaltas Sealach lag ann an dòighean cudromach. Cha robh aca ach beagan eòlais mu bhith a' riaghladh. Cuideachd, cha robh fios aca dè bha daoine ag iarraidh agus cha do rinn iad na rudan a bhiodh air còrdadh riutha. Bha na saighdearan ag iarraidh gun stadadh an cogadh. Bha an luchd-tuatha ag iarraidh fearann a thoirt bho na h-uachdarain. Bha an luchd-obrach ag iarraidh cùmhnantan-obrach na b' fheàrr.

**3.** Bha an Riaghaltas Sealach lag ann an dòighean cudromach. Thoir **dà** eisimpleir de na dòighean sin.

1: ______________________________

______________________________

2: ______________________________

______________________________ **2**

*Comharran* FT SR

Tha **Stòr D** ag innse carson a bha daoine mì-thoilichte leis an Riaghaltas Shealach.

**Stòr D**

> Cha do chuir an Riaghaltas Sealach stad air a' chogadh agus b' e sin am prìomh adhbhar a chaill iad taic. Anns na factaraidhean, bha an luchd-obrach a' strì airson cùmhnantan-obrach na b' fheàrr. Bha an luchd-tuatha ag iarraidh smachd air an fhearann. Cha tug an Riaghaltas Sealach na rudan sin dhaibh. Bho nach tug, bha sin na chuideachadh do na Boilseabhaich.

**4.** Tha **Stòr C** agus **Stòr D** ag aontachadh mu na h-adhbharan a bha aig daoine airson a bhith mì-thoilichte leis an Riaghaltas Shealach. Thoir **trì** dòighean anns a bheil iad ag aontachadh.

1. Tha **Stòr C** ag ràdh: ______________________________

______________________________________________

agus tha **Stòr D** cuideachd ag ràdh: ____________________

______________________________________________

2. Tha **Stòr C** ag ràdh: ______________________________

______________________________________________

agus tha **Stòr D** cuideachd ag ràdh: ____________________

______________________________________________

3. Tha **Stòr C** ag ràdh: ______________________________

______________________________________________

agus tha **Stòr D** cuideachd ag ràdh: ____________________

______________________________________________ **3**

**[Tionndaidh an duilleag**

NA SGRÌOBH SAN OIR SEO

*Comharran* | FT | SR

Tha **Stòr E** ag innse mar a fhuair na Boilseabhaich cumhachd ann an 1917.

**Stòr E**

> Ghluais na Geàrdan Dearga airson smachd fhaighinn air targaidean cudromach leithid stèiseanan rèile. Bha an Riaghaltas Sealach ann am Pàileas a' Gheamhraidh. Chuartaich na Geàrdan Dearga an togalach agus fhuair iad smachd air gun fuil a dhòrtadh ach beagan.

**5.** Ghlac na Boilseabhaich cumhachd ann an 1917. Thoir cunntas air **dà** rud a rinn iad.

1: ______________________________

______________________________

2: ______________________________

______________________________ **2**

NA SGRÌOBH SAN OIR SEO

*Comharran* | FT | SR

Is e **Stòr F** dealbh-camara a chaidh a thogail de na Boilseabhaich aig àm Ar-a-mach na Dàmhair/na Samhna 1917.

**Stòr F**



**6.** Carson a tha **Stòr F** feumail mar fhianais air na thachair nuair a bha na Boilseabhaich a' glacadh cumhachd ann an 1917?

Beachdaich air dè na **dhà** de na h-abairtean seo a tha ceart.

**A** Is e bun stòr a th' ann

**B** Is e stòr leasaichte a th' ann

**C** Tha e a' sealltainn nach robh aig na Boilseabhaich ach glè bheag de thaic

**D** Chaidh an dealbh a thogail airson sealltainn cho làidir 's a bha na Boilseabhaich

**E** Chaidh an dealbh a thogail airson sealltainn cho beag deasachaidh 's a bha na Boilseabhaich air a dhèanamh

Sgrìobh an **dà** litir cheart sna bogsaichean. ☐ ☐ **2**

**[Tionndaidh an duilleag**

Tha **Stòr G** mu Chomannachas Cogaidh agus chaidh a sgrìobhadh le Lenin ann an 1921.

**Stòr G**

> Bha sinn an dùil biadh a roinn air daoine ann an dòigh chothromach ach cha b' urrainn dhuinn. Tha e ri fhaicinn a-nis gun do rinn sinn mearachdan. Cha robh ann ach aisling mhòr gum biodh sinn air chomas an dùthaich uile atharrachadh ann an trì bliadhnachan. Ach bha na daoine na bu mhiosa dheth fon t-Tsàr. Feumaidh sinn dòighean eile fheuchainn.

**7.** Ciamar as urrainn dhut innse gun robh Lenin den bharail nach robh Comannachas Cogaidh soirbheachail? Thoir **trì** pìosan fianais.

1: ______________________________

______________________________

2: ______________________________

______________________________

3: ______________________________

______________________________ **3**

Tha **Stòr H** mu Chomannachas Cogaidh.

**Stòr H**

> Rinn Comannachas Cogaidh am feum a bha sinn ag iarraidh. Chùm e an t-Arm Dearg a' dol. Bha e brùideil ach bha e soirbheachail. Chaidh dèiligeadh uabhasach dona ris an luchd-tuatha nuair a bha an gràn ga thoirt bhuapa. Bha mòran air a reic air a' mhargaidh-dhuibh anns na bailtean. Ged a bha am biadh a bha ri fhaotainn air a roinn a-mach gu dòigheil cha b' urrainn do dhuine a bhith beò air na raiseanan oifigeil.

**8.** Chan eil **Stòr G** agus **Stòr H** ag aontachadh mu na h-adhbharan a bha aig daoine airson a bhith mì-thoilichte leis an Riaghaltas Shealach. Thoir **trì** dòighean anns nach eil iad ag aontachadh.

1. Tha **Stòr G** ag ràdh: ______________________________

______________________________

ach tha **Stòr H** ag ràdh: ______________________________

______________________________

2. Tha **Stòr G** ag ràdh: ______________________________

______________________________

ach tha **Stòr H** ag ràdh: ______________________________

______________________________

3. Tha **Stòr G** ag ràdh: ______________________________

______________________________

ach tha **Stòr H** ag ràdh: ______________________________

______________________________ **3**

[*CRÌOCH CO-THEACSA IIIC*]

**A-nis dèan cinnteach gun do rinn thu AON Cho-theacsa à Aonad I agus AON Cho-theacsa à Aonad III.**

**[Tionndaidh an duilleag**

*Comharran* FT SR

**Cuimhnich AON Cho-theacsa a dhèanamh à Aonad III agus AON Cho-theacsa à Aonad I.**

## AONAD III—SLUAGH AGUS CUMHACHD

## CO-THEACSA D: A' GHEARMAILT 1918-1939

**Sgrùd am fiosrachadh sna stòran. Faodaidh tu an t-eòlas agad fhèin a chleachdadh cuideachd.**

**Feuch ris a *h-uile* ceist sa Cho-theacsa seo a fhreagairt.**

Tha **Stòr A** ag innse carson a chuir an Kaiser an crùn bhuaithe ann an 1918.

**Stòr A**

> Bha mòran Ghearmailteach den bharail gur e an Kaiser bu choireach gun do chaill iad a' Chiad Chogadh. Ann an 1914 bha iad glè chinnteach gum buannaicheadh iad, ach ann an 1918 bha iad ag iarraidh sìth. Bha mòran a' creidsinn gun robh an Kaiser a' cur bacadh air sìth. Bha eagal air daoine gun tòisicheadh cogadh-catharra mura falbhadh an Kaiser.

**1.** Carson a chuir an Kaiser an crùn bhuaithe? Thoir **trì** adhbharan.

1: ______________________________

______________________________

2: ______________________________

______________________________

3: ______________________________

______________________________ **3**

*Comharran* | FT | SR

Is e **Stòr B** pàirt de chòmhradh-fòn a bha eadar Seansalair na Gearmailt agus an Kaiser Wilhelm air 8 Samhain 1918

**Stòr B**

> Feumaidh tu an crùn a chur bhuat airson a' Ghearmailt a shàbhaladh bho chogadh-catharra. Tha a' chuid mhòr, mhòr de dhaoine a' creidsinn gur tusa as coireach ris an t-suidheachadh seo. Chan eil iad ceart, ach sin a tha iad a' creidsinn. Tha mi glè chinnteach gu bheil cogadh-catharra a' dol a thòiseachadh.

**2.** Carson a tha **Stòr B** feumail mar fhianais air mar a chuir an Kaiser an crùn bhuaithe?

Beachdaich air dè na **dhà** de na h-abairtean seo a tha ceart.

**A** Cha b' aithne don duine a bha a' bruidhinn dad mun mhì-thoileachas sa Ghearmailt ann an 1918, ach na bha e air a leughadh mu dheidhinn

**B** Bha an duine a bha a' bruidhinn na neach-fianais air a' mhì-thoileachas sa Ghearmailt ann an 1918

**C** Tha e ag innse dhuinn gun robh daoine den bharail gur e an Kaiser bu choireach ri trioblaidean na Gearmailt

**D** Tha e ag innse dhuinn gun robh daoine fhathast a' toirt taic don Khaiser

**E** Chaidh a sgrìobhadh airson toirt air a' Khaiser an crùn a chumail

Sgrìobh an **dà** litir cheart sna bogsaichean. ☐ ☐ **2**

**[Tionndaidh an duilleag**

*Comharran* | FT | SR

Chaidh **Stòr C** a sgrìobhadh le neach-naidheachd Gearmailteach ann an 1919.

**Stòr C**

> Nuair a fhuair sinn fiosrachadh mu na cùmhnantan-sìthe, thuig sinne, na daoine cumanta, nach e sìth chothromach a bha ann. Bha na cùmhnantan uabhasach cruaidh oirnn. Bha Clemenceau air a thoil fhèin fhaighinn. Bha sinn air ar nàrachadh. Cha bhiodh rathad aig a' Ghearmailt air na cosgaisean dìolaidh a phàigheadh leis cho bochd 's a bha an eaconamaidh aice.

**3.** Ciamar as urrainn dhut innse gun robh an sgrìobhadair mì-thoilichte le Cùmhnant Versailles? Thoir **trì** pìosan fianais.

1: ______________________________

______________________________

2: ______________________________

______________________________

3: ______________________________

______________________________ **3**

NA SGRÌOBH SAN OIR SEO

*Comharran* FT SR

Tha **Stòr D** mu Chùmhnant Versailles.

**Stòr D**

> Bha Lloyd George den bharail gun robh na cùmhnantan-sìthe cruaidh ach gun robh iad cothromach. Ach bha iad nam briseadh-dùil do Chlemenceau. Bha esan den bharail gun robh na cùmhnantan ro bhog air a' Ghearmailt. Bha an Fhraing air milleadh cho mòr fhulang is nach robh adhbhar gearain aig a' Ghearmailt.

**4.** Chan eil **Stòr C** agus **Stòr D** ag aontachadh mu Chùmhnant Versailles. Thoir **trì** dòighean anns **nach eil** iad ag aontachadh.

1. Tha **Stòr C** ag ràdh: ______________________________

______________________________

ach tha **Stòr D** ag ràdh: ______________________________

______________________________

2. Tha **Stòr C** ag ràdh: ______________________________

______________________________

ach tha **Stòr D** ag ràdh: ______________________________

______________________________

3. Tha **Stòr C** ag ràdh: ______________________________

______________________________

ach tha **Stòr D** ag ràdh: ______________________________

______________________________ **3**

**[Tionndaidh an duilleag**

Is e **Stòr E** dealbh-camara a chaidh a thogail den teine san Reichstag ann an 1933.

**Stòr E**



**5.** Carson a tha **Stòr E** feumail mar fhianais air an teine san Reichstag?

Beachdaich air dè na **dhà** de na h-abairtean seo a tha ceart.

**A** Is e bun stòr a th' ann

**B** Is e stòr leasaichte a th' ann

**C** Tha e a' sealltainn luchd-smàlaidh a' cur às an teine

**D** Chaidh an dealbh a thogail airson sealltainn mar a mhill an teine an Reichstag

**E** Chaidh an dealbh a thogail airson toirt air Gearmailtich taic a thoirt do na Comannaich

Sgrìobh an **dà** litir cheart sna bogsaichean. ☐ ☐ **2**

*Comharran* | FT | SR

Tha **Stòr F** ag innse cho cudromach 's a bha an teine san Reichstag.

**Stòr F**

> Chleachd Hitler an teine san Reichstag mar leisgeul airson ceithir mìle ceannard Comannach a chur an grèim. An ath latha choinnich Hitler ris a' cheann-suidhe Hindenburg. Thug e air Hindenburg cumhachdan-èiginn a thoirt dha. Thug na cumhachdan sin cead do Hitler daoine a chur an grèim ma bha e a' smaoineachadh gun robh iad an aghaidh nan Nadsaidhean.

**6.** Bha an teine san Reichstag cudromach a thaobh mar a fhuair na Nadsaidhean cumhachd. Thoir **dà** dhòigh anns an robh e cudromach.

1: ______________________________

______________________________

2: ______________________________

______________________________ **2**

**[Tionndaidh an duilleag**

NA SGRÌOBH SAN OIR SEO

*Comharran* | FT | SR

Tha **Stòr G** ag innse mu Ralaidh Nuremberg, 1934.

**Stòr G**

> Dhealbhaich Albert Speer stadium anabarrach mòr airson an ralaidh ann an 1934. Mhèarrs na Nadsaidhean nan deiseachan a-steach don stadium agus flagaichean agus brataichean aca gu h-àrd os an cionn. Sheas dà cheud mìle dhiubh nan sreathan dìreach.

**7.** Dè thachair aig Ralaidh Nuremberg ann an 1934? Thoir cunntas air **dà** rud a thachair.

1: ______________________________

______________________________

2: ______________________________

______________________________ **2**

NA SGRÌOBH SAN OIR SEO

*Comharran* | FT | SR

Tha **Stòr H** ag innse mu na bhiodh a' tachairt aig na ralaidhean ann an Nuremberg.

**Stòr H**

> A h-uile bliadhna, san t-Sultain, bhiodh ralaidhean mòra aca ann an Nuremberg. Bhiodh ceudan de mhìltean a' tighinn chun nan ralaidhean. Bhiodh iad air an cumail air an dòigh a' coimhead bhatailean-cluiche agus pairèidean airm. Bhiodh ìomhaighean agus brataichean Nadsaidheach rim faicinn a h-uile taobh a shealladh duine.

**8.** Tha **Stòr G** agus **Stòr H** ag aontachadh mu na ralaidhean ann an Nuremberg. Sgrìobh **trì** dòighean anns a bheil iad ag aontachadh.

1. Tha **Stòr G** ag ràdh: ______________________________

______________________________________________

agus tha **Stòr H** cuideachd ag ràdh: ____________________

______________________________________________

2. Tha **Stòr G** ag ràdh: ______________________________

______________________________________________

agus tha **Stòr H** cuideachd ag ràdh: ____________________

______________________________________________

3. Tha **Stòr G** ag ràdh: ______________________________

______________________________________________

agus tha **Stòr H** cuideachd ag ràdh: ____________________

______________________________________________ **3**

[*CRÌOCH CO-THEACSA IIID*]

**A-nise dèan cinnteach gun do rinn thu AON Cho-theacsa à Aonad I agus AON Cho-theacsa à Aonad III**

[*CRÌOCH A' PHÀIPEIR*]

**[DUILLEAG BHÀN]**

**[DUILLEAG BHÀN]**

FOR OFFICIAL USE

Markers please complete this grid.

| Unit I | | |
|---|---|---|
| | **KU** | **ES** |
| 1 | | |
| 2 | | |
| 3 | | |
| 4 | | |
| 5 | | |
| 6 | | |
| Total | | |

| Unit III C | | |
|---|---|---|
| | **KU** | **ES** |
| 1 | | |
| 2 | | |
| 3 | | |
| 4 | | |
| 5 | | |
| 6 | | |
| 7 | | |
| 8 | | |
| Total | | |

| Unit III D | | |
|---|---|---|
| | **KU** | **ES** |
| 1 | | |
| 2 | | |
| 3 | | |
| 4 | | |
| 5 | | |
| 6 | | |
| 7 | | |
| 8 | | |
| Total | | |

ACKNOWLEDGEMENTS

Foundation Level Unit III Context B Source B—Photograph of Gandhi spinning thread is taken from History of Modern India by Education Department (1996). Permission is being sought from Maharastra State Bureau of Textbook Production.

Foundation Level Unit III Context C Source F—Photograph of Bolsheviks taken in 1917 during the October/November revolution. Unable to trace copyright holder.

Foundation Level Unit III Context D Source E–Photograph of the Reichstag building on fire, 1933. © bpk – Bildagentur für Kunst, Kultur und Geschichte, Berlin.